

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Iain Ruadh Stiùbhart (2)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh 's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 10.00 pm on Sunday, following the Gaelic Learners' programme 'Beag air Bheag', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,047. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 4.03 pm each Sunday. Litir Bheag 743 corresponds to Litir 1,047. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir.

Bha mi ag innse dhuibh mu Iain Ruadh Stiùbhart. Sgrìobh e dàn ainmeil *Latha Chùil Lodair* anns an do mhìnich e mar a chaidh cùisean an aghaidh nan Seumasach:

*Mo chreach armailt nam breacan,
Bhith air sgaoileadh 's air sgapadh 's gach àit',
Aig fìor bhalgaircean Shasainn
Nach do ghnàthaich bonn ceartas na 'n dàil
Ged a bhuannaich iad batail,
Cha b' ann da 'n cruadal no 'n tapadh a bha,
Ach gaoth an iar agus frasan,
Thigh 'n a-nìos oirnn bhàrr machair nan Gall.*

Chan e dìreach an droch aimsir a bu chuireadh ris a' chall, ge-tà, ann am beachd Iain Ruaidh. Bha e cuideachd a' coireachadh a' Mhorair Seòras Moireach, an commandair Seumasach. Bha Iain air dàil latha iarraidh mus biodh Blàr Chùil Lodair ann, oir bha na saighdearan aige sgìth, ach dhiùlt am Moireach gabhail ri sin.

An dèidh Chùil Lodair, choinnich Iain ris a' chòrr de dh'arm nan Seumasach aig Ruadhainn faisg air Ceann a' Ghiùthsaidh. Chaidh an co-dhùnadh a dhèanamh gun a bhith a' leantainn leis a' chogadh. Bhiodh arm an riaghaltais saor gus sgrios a dhèanamh air bailtean na Gàidhealtachd.

Theich gu leòr de na ceannardan Seumasach don Fhraing no dùthchannan eile, ach dh'fhuirich Iain Ruadh na dhùthaich fhèin. Bha e na ruagalaiche, ge-tà. Bhiodh e a' fuireach ann an diofar uamhan, agus muinntir na sgìre a' toirt taic dha.

Aon latha, bha e air fhalach anns a' Ghleann Mhòr ann an Srath Spè. Bha fear òg, Peadar Bell, a' dol a dh'ionnsaigh Iain le bainne nuair a thachair e ri feachd de shaighdearan dearga a bha a' coimhead air a shon. Bha druma aig fear dhiubh.

'Cà'l thu a' dol?' dh'fhaighnich na saighdearan.

'Gu m' athair, a tha ag obair sa choille,' fhreagair Peadar. Chunnaic an gille an druma agus rinn e còmhradh mar gun robh e ag iarraidh a cheannach. Ghabh e grèim air an druma agus sheinn e òran – 'Buaidh thap', Iain Ruaidh, 's tric a bhuail thu campaid.' An uair sin ghabh e òran eile:

*Bi falbh 's na fuirich, bi falbh, bi falbh!
Na tig a-nochd tuillidh, tha 'n tòir a' tighinn thugad
Na tig a-nochd tuillidh, bi falbh, bi falbh!'*

Chuala Iain Ruadh e agus theich e gu taobh Neithich. Nuair a bha e na ruagalaiche, **rinn e sgochadh air adhbrann**. Tha e a' dèanamh iomradh air sin anns an òran aige, Ùrnaigh Iain Ruaidh:

Aig taobh sruthain na shuidhe, 's e sgìth

*Tha an Crìosdaidh bochd, Iain Ruadh,
Na cheatharnach, fhathast gun sìth
'S a chas air tuisleadh san tìm gu truagh.*

Ged as ann an Gàidhlig a bu mhotha a sgrìobh Iain Ruadh a bhàrdachd, sgrìobh e co-dhiù aon dàn ann am Beurla – *John Roy Stuart's Psalm*. Anns an òran sin, thuirt e nach fhaigheadh feachdan a' Chrùin grèim air:

*Though they mow down both corn and grass
And seek me underground,
Though hundreds guard each road and pass,
John Roy will not be found.*

Agus bha e ceart – cha d' fhuair na saighdearan dearga lorg air. Ach mus fhaigheadh e cothrom teicheadh gu sàbhailteachd anns an Fhraing, chaidh e a chèilidh air a' Phrionnsa, Teàrlach Òg, a bha e fhèin na ruagalaiche. Choinnich iad ann an àite ris an cainte Cèidse Chluainidh taobh Beinn Eallair – mar a chluinneas sinn an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: Iain Ruadh Stiùbhart: *John Roy Stuart*; Ruadhainn: *Ruthven*; ruagalaiche: *fugitive*; uamhan: *caves*; air fhalach: *hiding, hidden*; Neithich: *Nethy*.

Abairtean na Litreach: Mo chreach armailt nam breacan, bhith air sgaoileadh 's air sgapadh 's gach àit': *it's my ruin that the tartan army has been scattered all over*; aig fìor bhalgairean Shasainn nach do ghnàthaich bonn ceartas na 'n dàil: *by the terrible English rogues who did not leave justice in their wake*; cha b' ann da 'n cruadal no 'n tapadh a bha: *it wasn't because of their toughness or smartness*; ach gaoth an iar agus frasan, thighinn a-nìos oirnn bhàrr machair nan Gall: *but the west wind and showers, coming up on us out of the Lowlands, and an adviser to Bonnie Prince Charlie*; bha e cuideachd a' coireachadh a' Mhorair Seòras Moireach, an commandair Seumasach: *he also blamed Lord George Murray, the Jacobite commander*; bha Iain air dàil latha iarraidh: *John had requested a day's delay*; saor gus sgrios a dhèanamh air bailtean na Gàidhealtachd: *free to destroy the villages of the Highlands*; dh'fhuirich Iain Ruadh na dhùthaich fhèin: *John Roy stayed in his own country*; rinn e còmhradh mar gun robh e ag iarraidh a cheannach: *he made conversation as if he wished to buy it*; buaidh thap[aidh], 's tric a bhuail thu campaid: *clever victory, it's often you struck camp*; bi falbh 's na fuirich: *be gone and don't stay*; na cheatharnach, fhathast gun sìth: *a fighting man, still without peace*; 's a chas air tuisleadh san tìm gu truagh: *his foot having just stumbled badly [he sprained his ankle]*; cha d' fhuair na saighdearan dearga lorg air: *the redcoats didn't find him*; àite ris an cainte Cèidse Chluainidh taobh Beinn Eallair: *a place called Cluny's Cage over by Ben Alder*.

Puing-chànain na Litreach: *Na tig a-nochd tuillidh: don't come tonight any more. Tuillidh is just a dialectal form of tuilleadh, which is used in the same way.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: rinn e sgochadh air adhbrann: *he sprained his ankle.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA